

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/21/25

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 19 Samhain 2025

Tìotal Aithisge: Aithisg Adhartais High Life na Gàidhealtachd

Aithisg le: An t-Àrd-Oifigear, High Life na Gàidhealtachd

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Tha an aithisg seo a' toirt foir-shealladh do Bhuill Thaghte mun dòigh sa bheil obair High Life na Gàidhealtachd (HLG) a' cur ri bhith a' coileanadh builean Plana na Gàidhlig agus cuideachd a' toirt fiosrachadh mu chuid de na rudan a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near dhan aithisg.

3. Builean

- 3.1 Goireas
Chan eil builean sam bith ann a thaobh goireas mar thoradh air Buill Thaghte a bhith a' toirt fa-near dhan aithisg seo.
- 3.2 Laghail
Chan eil builean laghail dhan Chomhairle a' tighinn am bàrr bho mholaidhean san aithisg seo.
- 3.3 Cunnart
Chan eil cunnartan a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo. Tha Clàr Cunnairt Chorporra agus planaichean stiùireadh cunnairt co-cheangailte aig Bòrd HLG.
- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) –
Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd co-cheangailte ri molaidhean na h-aithisg seo.
- 3.5 Gàidhlig
Tha an aithisg a' taisbeanadh fiosrachadh mun taic is mun bhrosnachadh leantainneach a th' ann airson cànan is cultar na Gàidhlig taobh a-staigh solar seirbheis HLG.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg sgrùdaidh is ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Cùl-fhiosrachadh

- 5.1 'S e adhbhar HLG a bhith **A' Dèanamh Beatha nas Fheàrr**. Chaidh a stèidheachadh mar charthannas le Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) san Dàmhair 2011 gus na Dleastanasan Seirbheisean Poblach aca a libhrigeadh ann an: tasglannan; ionadan coimhearsnachd agus conaltradh; maoir-dhùthcha; cur-seachad; leabharlannan; taighean-tasgaidh is gailearaidhean; teagasg ciùil agus leasachadh spòrs.
- 5.2 Tha Cùmhnant aig a' Chomhairle gus dèanamh cinnteach gu bheil HLG a' coileanadh nan Dleastanasan Seirbheis Poblach sònraichte aig a' Chomhairle. Tha a bhith a' toirt taic is brosnachadh do chànan is chultar na Gàidhlig air an gabhail a-steach sa Chùmhnant.

6. Raon is Ruigsinneachd Solar Seirbheis HLG

- 6.1 Tha goireasan HLG suidhichte, agus tha an luchd-obrach aca stèidhichte, air feadh na sgìre; tha HLG a' strì ri seirbheisean a libhrigeadh cho ionadail 's as urrainnear agus ann an uiread de choimhearsnachdan 's as urrainnear. Bho chaidh a stèidheachadh ann an 2011, tha HLG air uallach a ghabhail airson seirbheisean a bharrachd mar thoradh air iarrtas CnG, le 43 seirbheis agus goireas ùr air an cur ris an oighreachd aca.
- 6.2 Tha teicneòlas didseatach ga chleachdadh barrachd is barrachd gus seirbheisean a libhrigeadh far a bheil sin comasach, a' lùghdachadh iomallachd cruinn-eòlasach bho ionadan seirbheis agus a' leasachadh ruigsinneachd gu seirbheisean.
- 6.3 Tha gach Seirbheis a' tabhann raon farsaing de ghniomhachdan is chothroman, ag amas air a bhith tarraingeach agus buannachdail do raon cho farsaing de dhaoine fa leth is choimhearsnachdan 's a ghabhas. Tha fianais a' moladh gu bheil a' mhòr-chuid de luchd-còmhnaidh na Gàidhealtachd an sàs gu cunbhalach no bho àm gu àm le seirbheisean HLG, mar a bhios mòran de luchd-tadhail chun na sgìre aig àm air choreigin ro, rè, no às dèidh an cuid fuirich. Ann an 2024/25, bha 5.1 millean conaltradh pearsanta agus 3.5 millean conaltradh didseatach fa leth ann le seirbheisean HLG, àrdachadh de 0.5 millean agus 0.1 millean air a' bhliadhna roimhe.

7. Tabhartas HLG a thaobh Builean Plana na Gàidhlig

- 7.1 Bidh **Tasglannan** a' glèidheadh agus a' toirt cothrom furasta do dhaoine gus coimhead air sgrìobhainnean eachdraidheil, clàraidhean, agus stuthan co-cheangailte ri eachdraidh is dualchas cultarach na sgìre. Cuideachd, tro bhith a' libhrigeadh phròiseactan coimhearsnachd, prògraman gnìomha, tachartasan, taisbeanaidhean is co-obrachaidhean, bidh na Tasglannan a' brosnachadh cleachdadh is tuigse mu chultar Gàidhlig agus a' togail leantainneachd agus ceangal eadar-ghinealaich. Tha an t-Seirbheis cuideachd a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim. Tha seo a' gabhail a-steach Am Baile, an làrach-lìn dà-chànanach mu dhualchas cultarach air a bheil fèill mhòr.
- 7.2 Bidh **Seirbheis nam Maor-dùthcha** a' dèanamh na Gàidhlig follaiseach is so-chlaistinneach air feadh an cuid obrach le bhith a' toirt a' chànan a-steach do na prògraman agus na stuthan ionnsachaidh farsaing aca – agus tha mòran dhiubh sin rim faighinn air-loidhne. Anns na cuairtean treòraichte, òraidean, bùithtean-obrach is goireasan didseatach aca, tha na ceanglaichean toinnte eadar an cànan is an cruth-tìre, an àrainneachd is na traidiseanan air an soilleireachadh agus air an sgrùdadh.
- 7.3 Tha **Leabharlannan** a' toirt cothrom an-asgaidh air raon farsaing de dh'fhoillseachaidhean co-cheangailte ri Gàidhlig agus eachdraidh ionadail, a' toirt taic do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan aca. Tha Leabharlann Inbhir Nis cuideachd a' toirt seachad dachaigh do leabharlann Chomann Gàidhlig Inbhir Nis, a tha ruigsinneach dhan phoball. Tha seisean dhen iomairt mhòr-chòrdte nàiseanta 'Bookbug' air an toirt seachad gu cunbhalach tron Ghàidhlig agus, ann an co-bhann le com-pàirtichean a leithid a' Chomuinn Ghàidhealaich, Fèis Rois agus Fèis Bhlas, bidh leabharlannan ionadail a' cur air dòigh raon de thaisbeanaidhean, òraidean, bùithtean-obrach is tachartasan a' buntainn ris a' Ghàidhlig.
- 7.4 Ann an **Taighean-tasgaidh & Gailearaidhean HLG** chithear is cluinnear a' Ghàidhlig tro na taisbeanaidhean maireannach is sealach, agus tro na taisbeanaidhean is na bùithtean-obrach a' buntainn ri ciùird is cleachdaidhean traidiseanta. Tha na taisbeanaidhean maireannach aig Taigh-tasgaidh & Gailearaidh Ealain Inbhir Nis gu tur dà-chànanach agus a' taisbeanadh na Gàidhlig ann an co-theacsa cultarach na Gàidhealtachd – an t-àm a dh'fhalbh, an t-àm a th' ann, agus an t-àm a tha ri teachd. Is urrainn do luchd-tadhail a tha a' dol gu Taigh-tasgaidh Sluagh na Gàidhealtachd eòlas a chur air cànan is traidiseanan Gàidhlig ann an grunn shuidheachaidhean eachdraidheil beò – a-staigh agus a-muigh.
- 7.5 Bidh an sgioba **Leasachadh Ciùil** a' libhrigeadh prògram lomairt Ciùil Òigridh, a tha air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, do bhun-sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd. Taobh a-staigh sin, bidh dithis oide a' libhrigeadh sheiseanan ciùil Kodaly tron Ghàidhlig, a' gabhail a-steach air-loidhne is air astar. Tha seiseanan ciùil traidiseanta cuideachd air an libhrigeadh, ann an co-bhann le Fèisean nan Gàidheal.
- Bidh Luchd-teagaisg Ciùil a' cleachdadh ceòl traidiseanta gu cunbhalach nuair a bhios iad a' teagasg agus bidh iad a' stiùireadh mòran Chòmhlaing-phìoba coimhearsnachd. Aig an ìre as adhartache, tha cothrom aig sgoilearan bho air feadh na Gàidhealtachd pàirt a ghabhail ann am Còmhlan-pìoba Òigridh na Gàidhealtachd agus sna buidhnean dùthchail 'Snas & Beira'.
- 7.6 Tha seirbheis **Leasachadh Spòrs HLH** a' cur cuideam mòr air a bhith a' toirt na Gàidhlig a-steach do na prògraman aice, a' cruthachadh chothroman brìoghmhor do dhaoine òga a bhith an sàs sa Ghàidhlig tro spòrs. Tha an com-pàirteachas aice le FC

Sonas agus Alba FA a chaidh a stèidheachadh o chionn greise a' ciallachadh gu bheil seiseanan ball-coise ùra tron Ghàidhlig a-nis gan tabhann. Le taic bho Sgioba Gàidhlig na Comhairle, tha ceannardas spòrs tro mheadhan na Gàidhlig ga leudachadh leis an Teisteanas Tagh Ceannardas, a tha air a libhrigeadh do sgoilearan àrd-sgoile bho air feadh na Gàidhealtachd. Thaampaichean saor-làithean spòrs tro mheadhan na Gàidhlig, air an stiùireadh le ceannardan òga a tha air adhartas a dhèanamh tron phrògram Tagh Ceannardas Gàidhlig, gan leasachadh an-dràsta. Gu sònraichte, tha HLG a' faicinn sgoilearan bho fhoghlam Gàidhlig a' dol air adhart gu foghlam nas adhartaiche agus a' tilleadh chun na Gàidhealtachd mar choidseachan pàighte – fianais air buaidh agus luach fad-ùine na dòigh-obrach amalaichte seo a thaobh leasachadh spòrs.

8. Soirbheachasan Sònraichte

- 8.1 Ann an Ullapul, bho gheamhradh gu earrach, dh'obraich am Maor-dùthcha ionadail leis a' Bhun-sgoil gus **Mapa Fuaime Slighe Nàdair Gàidhlig** a chruthachadh – goireas eadar-ghnìomhach, dà-chànanach, fiosaigeach is air-loidhne a tha a' sealltainn na chunnaic agus na dh'ionnsaich a' chlann air cuairtean coiseachd treòraichte air slighean nàdair san sgìre. Tha am Mapa a' measgachadh dhealbhan air an tarraing le làimh, fuaime agus Gàidhlig labhairteach ann an inneal inntinneach a leigeas le duine sam bith bòidhchead nàdarra Ullapuil a rannsachadh, tro ghuthan luchd-còmhnaidh òga na sgìre, ag ionnsachadh no a' roinn beagan Gàidhlig air an t-slighe.
- 8.2 Sa Ghearran, gus **Seachdain na Gàidhlig** a chomharrachadh, chuir an Sgioba Spòrs, ann an co-bhann le Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, air dòigh Fèis Spòrs thar an Eilean Sgitheanaich is Loch Aillse. Chòrd an tachartas dà-latha ri còrr is 200 sgoilear ionadail, agus bha raon farsaing de chur-seachadan ann – a' gabhail a-steach ball-coise, camanachd, ioma-spòrs, agus geamaichean traidiseanta – uile air an libhrigeadh gu tur tron Ghàidhlig. Ghabh sgoilearan bho P1 gu P4 pàirt, a' sealltainn an dealais a tha a' sìor fhàs airson na Gàidhlig ann an spòrs aig ìre na bun-sgoile.
- 8.3 Bidh **Taigh-tasgaidh Sluagh na Gàidhealtachd** gu cunbhalach a' cur air dòigh taisbeanaidhean agus eòlasan practaigeach air ciùird is cleachdaidhean cultarach traidiseanta, agus tha a' Ghàidhlig gu tric nam measg. 'S e aon de na taisbeanaidhean as motha a tha a' còrdadh ri luchd-tadhail, na taisbeanaidhean ag Buidheann Luaidh Bhàideanach. San Lùnastal, thadhail BBC Alba air aon de na taisbeanaidhean aca agus rinn iad filmeadh dhiubh, a chaidh a chraoladh an uair sin air naidheachdan feasgair telebhisean BBC Reporting Scotland, mar phàirt de shreath mun mhiann a th' aig luchd-tadhail gu Alba eòlas a chur air cultar firinneach. Chaidh am pìos a cho-roinn gu farsaing air-loidhne, le ruigsinneachd mhòr air feadh an t-saoghail.
- 8.4 Tha **Pàirc is Pàillea a' Bhucht**, a chaidh ath-leasachadh, air a bhith na meadhan roinneil airson camanachd bho chaidh a fosgladh san Lùnastal. Tha Prìomh-Oifis Comann na Camanachd air gluasad innte, chaidh Cuairt Dheireannach Cupa na Camanachd agus Farpais Eadar-nàiseanta Camanachd Albannach is Èireannach Mowì a chumail innte agus bidh i na dachaigh dhan taisbeanadh ùr 'Sgeulachd na Camanachd – Sgeul na Camanachd', taisbeanadh maireannach, eadar-ghnìomhach mu eachdraidh agus cudromachd chultarach na camanachd.
- 8.5 Chuir **Tasglann an Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse** taisbeanadh '*Ùir-sgeul | Earth Story*' air dòigh eadar an t-Ògmhios is an Lùnastal am-bliadhna. Air a chruthachadh leis an neach-ealain, neach-ciùil, neach-ealain lèirsinneach, agus neach-foghlaim ionadail Eilidh NicCoinnich, chleachd an taisbeanadh dà-chànanach, le taic bho mhaoineachadh Uàird bho Chomhairle na Gàidhealtachd, goireasan tasglainn gus

cultar àirigh an Eilein Sgitheanaich a rannsachadh, a' tarraing cuideachd air beul-aithris, mapaichean eachdraidheil, lorg àrc-eòlach, agus raon de dh'obraichean ealain. Am measg nan obraichean-ealain sin bha dealbhannan, pìosan fuaim, agus snaigheadh, cuid dhiubh mar thoradh air co-obrachaidhean cruthachail le sgoilearan à Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh. A' meòrachadh air cuspairean cuimhne chultarail, cleachdadh fearainn, agus dualchas eag-eòlasach, fhuair an taisbeanadh brosnachadh bho chunntasan siubhail eachdraidheil agus fhuair e fiosrachadh bho mhapaichean an neach-ealain de làraichean àirigh air feadh an eilein.

- 8.6 Airson **Mòd Nàiseanta Rìoghail 2025**, thug HLG taic agus chuir iad ri gnìomhachdan airson prògram beòthail thachartasan 'iomail'. Nam measg bha campa ball-coise òigridh dà-latha a ruith Alba FA aig Astro Àrd-Sgoil Loch Abar, bùth-obrach dèanamh phupaidean stèidhichte air craobh na h-aibidil Gàidhlig, bùithtean-obrach sgeulachdan is òrain 'Bookbug', seisean ciùird dà-chànanach, seisean ciùil fosgailte agus an tachartas crìochnachaidh 'Last Hurrah', às dèidh nan Còisirean Mòra.
- 8.7 Bidh **Turas tro Chaisteal Inbhir Nis**, an nì as ùire de sheirbheisean HLG, na phrìomh àite tarraingeach cultarach airson na Gàidhealtachd, freumhaichte ann a bhith a' roinneadh agus a' comharrachadh dualchas is dearbh-aithne na sgìre – leis a' Ghàidhealtachd aig cridhe na cùise. Bhon toiseach, tha a' Ghàidhlig air a bhith na pàirt chudromach dhen Turas; chan ann a-mhàin tro eadar-theangachadh ach mar phàirt riatanach dhen sgeulachd a thathar ag innse. Tro bhith a' taisbeanadh na Gàidhlig mar chànan a tha a' buntainn ris an latha an-dè, an-diugh is a-màireach sa Ghàidhealtachd, broснаichidh seo a cleachdadh is mothachadh mu deidhinn am measg mhuinntir an àite agus luchd-tadhail bho air feadh an t-saoghail. Tha an Turas ag innse sgeulachdan a tha freumhaichte gu domhainn ann an cruth-tìre, cànan is traidiseanan na Gàidhealtachd, air am fighe tro na taisbeanaidhean – bho dhaoine suaicheanta agus beul-aithris gu ainmean-àite is cleachdaidhean. Brosnaichidh suidheachadh na Gàidhlig mar chànan beò taobh a-staigh sin feòrachas is com-pàirteachadh luchd-tadhail, co-dhiù is e luchd-labhairt fileanta, luchd-ionnsachaidh, no luchd-tadhail gun eòlas air a' chànan a th' annta.

9. Co-dhùnadh

- 9.1 Tro phrògram measgaichte, air a libhrigeadh leis na Seirbheisean uile, tha HLG a' cur ri builean a' Phlana Ghàidhlig, ann an dòigh dheimhinnte is bhrìoghmhor air feadh na sgìre.

Ainmeachadh: An t-Àrd-Oifigear, High Life na Gàidhealtachd

Ceann-latha: 17 Dàmhair 2025

Ùghdar: Judi Menabney